



Social Security Scotland  
Tèarainteachd Shòisealta Alba

# Tha Pàigheadh Ciorraim Cloinne ga thoirt a-steach an àite Cuibhreann-ciorraim Bith-beò do chlann ann an Alba

## Dè tha a' tachairt?

Ann an Alba tha Pàigheadh Ciorram Cloinne ga thoirt a-steach an àite Cuibhreann-ciorraim Bith-beò do chlann. Gheibh luchd-dèiligidh pàigheadh bho Thèarainteachd Shòisealta Alba agus chan ann le Roinn na h-Obrach agus nam Peinnsean a bhios e tuilleadh.

Ma bhios pàiste agaibh a' faighinn Cuibhreann-ciorraim Bith-beò (DLA) do chlann, chan fheum sibh cur a-steach airson Pàigheadh Ciorraim Cloinne is cha tèid seo ath-mheasadh. Thèid an tabhartas aca a ghluasad gu fèin-obrachail.

## Am bi roghainn aig daoine?

Chan urrainn do dhaoine taghadh gum bi an duais aca a' fantainn le Roinn na h-Obrach agus nam Peinnsean. Bidh sochairean sònraichte, mar an tè seo, a' gluasad gu Tèarainteachd Shòisealta Alba mar phàirt de Thiomnadh Chumhachdan do dh'Alba.

## Am bi buaidh aig seo air pàighidhean?

Cha bhi buaidh aige air an uiread airgid a gheibh daoine. Gheibh daoine an aon uiread airgid, dhan aon chunntas 's a bhios iad a' faighinn nam pàighidhean aca an-dràsta. 'S e Diciadain an latha-pàighidh a bhios ann

## Cuin a thachras an gluasad?

Tha sinn ag amas air gach tabhartas Albannach den Chuibhreann-ciorraim Bith-beò do chlann a ghluasad ron earrach 2023, leis a' bheagan a th' air fhàgail air an gluasad goirid às dèidh sin.

## Ciamar a bhios fios aca mun atharrachadh seo?

Sgrìobhaidh sinn gu daoine ro làimh gus innse dhaibh cuin a dh'fhaodadh iad a bhith an dùil ris an atharrachadh seo.

Bheir e mu thrì mìosan gus an tabhartas aig cuideigin a ghluasad.

Sgrìobhaidh sinn gu daoine nuair a tha an gluasad dèanta. Innsidh seo do dhaoine cuin a thòisicheas am Pàigheadh Ciorraim Cloinne aca agus cuin a bhios iad an dùil ri pàighidhean fhaighinn bho Thèarainteachd Shòisealta Alba.

## **Dè thachras ma tha an suidheachadh 's a bheil daoine ag atharrachadh san ùine seo?**

Ma dh'atharraicheas càil mus fhaigh daoine dearbhadh air an tabhartas Pàigheadh Ciorraim Cloinne aca, feumaidh iad fios a chur gu Roinn na h-Obrach agus nam Peinnsean cho luath 's a ghabhas air 0800 121 4600.

## **Dè mu dheidhinn lìosan Motability?**

Bidh dleastanas againn airson pàighidhean Motability nuair a bhios an gluasad dèanta. Tha fios aig Motability gun gabh sinn thairis na pàighidhean bho Roinn na h-Obrach agus nam Peinnsean. Ma thathar a' cleachdadh dìreach pàirt den chuibhreann comas gluasaid airson an lìosa, bidh am pàiste fhathast a' faighinn an airgid a tha air fhàgail.

## **Dè thachras ma tha tinneas-bàis air a' phàiste?**

Bidh daoine a tha a' fulang tinneas-bàis nam prìomhachas airson gluasad. Bidh còir fhèin-obrachail aig daoine a tha a' fulang tinneas-bàis agus a tha a' faighinn Pàigheadh Ciorraim Cloinne airson an reat as àirde de chuibhreann a' chùraim agus reat àrd a' chuibhreann comas gluasaid.

## **Dè thachras do shochairan ceangailte?**

Cha bhi buaidh aig còirichean ri sochairan agus seirbheisean ceangailte air sgàth a' ghluasaid. Gheibhear barrachd fiosrachaidh aig [mygov.scot/child-disability-payment/related-benefits](http://mygov.scot/child-disability-payment/related-benefits).

## **Dè thachras ma tha daoine faisg air an ath-ùrachadh DWP aca?**

Bu chòir do dhaoine a tha airson an tabhartas aca a ghluasad a leantainn stiùireadh sam bith bhon DWP gus Cuibhreann-ciorraim Bith-beò airson clann a ghlèidheadh gus am bi am pròiseas gluasaid deiseil agus gun toisich am Pàigheadh Ciorraim Cloinne aca. Tha seo a' gabhail a-steach foirmichean ath-ùrachaidh a lionadh agus innse do Roinn na h-Obrach agus nam Peinnsean mu dheidhinn atharrachaidhean iomchaidh sam bith.

Faodaidh daoine stad a chur air iarrrtas a' Chuibhreann-ciorraim Bith-beò airson clann aca agus cur a-steach airson Pàigheadh Ciorraim Cloinne ma tha iad ag iarraidh, ach cha bhi barantas aca ris an aon uimhir de dh'airgead às dèidh cur a-steach airson Pàigheadh Ciorraim Cloinne agus 's dòcha gum bi beàrn anns na pàighidhean aca cuideachd.

Faodaidh sibh barrachd fios fhaighinn air a' phròiseas gluasaid aig: [mygov.scot/benefit-transfer](http://mygov.scot/benefit-transfer) No faodaidh sibh fòn a chur thugainn saor an-asgaidh air 0800 182 2222.

## **Ciamar as urrainnear fios a chur thugainn?**



Cuir fòn thugainn an-asgaidh air: 0800 182 2222



Seirbheis Text Relay: 18001 +0300 244 4000 (do dhaoine a tha maol sa chlaisneachd)



Luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn: [contactscotland-bsl.org](http://contactscotland-bsl.org)



Còmhradh-lìn: [chat.socialsecurity.gov.scot](http://chat.socialsecurity.gov.scot)